

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark
(Leughadh)

Grand
Total

X229/12/02

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2013

DIMÀIRT, 14 CÈITEAN
2.00 PM – 4.00 PM

GÀIDHLIG
AN ÀRD ÌRE

Roinn B(i): Leughadh
Roinn B(ii): Sgrìobhadh
Roinn B(iii): Litreachas

NATIONAL
QUALIFICATIONS
2013

TUESDAY, 14 MAY
2.00 PM – 4.00 PM

GÀIDHLIG
HIGHER

Section B(i): Reading
Section B(ii): Writing
Section B(iii): Literature

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith

Là Mìos Bliadhna Àireamh an oileanaich

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

Na fosgail am pàipear cheist seo gus an tèid iarraidh ort.

Tha ceithir roinnean cheistean anns an deuchainn seo. Bu chòir dhut feuchainn air na ceithir roinnean.

An dèidh dhut Roinn A a dhèanamh—Èisteachd—fàgaidh tu an rùm deuchainn gus d' anail a ghabhail airson fichead mionaid.

An dèidh na h-ùine sin, bidh **dà** uair agad airson Roinnean B(i)–B(iii) a fhreagairt.

Fàg ùine gu leòr airson gach earrann a chrìochnachadh.



Roinn B(i): Leughadh

Ùine: 40 mionaid (moladh)

Leugh an sgeulachd agus freagair nad chainnt fhèin na ceistean a tha ga leantainn.

This passage has been removed due to copyright issues.

[Tionndaidh an duilleag

CEISTEAN

1. Tagh dà abairt on chiad pharagraf a tha a' sealltainn nach deach gu math le Seòras anns an sgoil is nach robh e toilichte innte.

2

2. Dè an dòigh a chleachd an t-ùghdar airson sealltainn a bheachd air an obair a fhuair Seòras?

2

3. Carson a bha an obair a' còrdadh ri Seòras?

2

4. Dè, a thaobh obair a' chidsin, a tha a' sealltainn nach robh mòran spèis aig Guaderini dhan fheadhainn a bha ag ithe sa chafaidh aige?

2

5. Ciamar a bha Victor Guaderini ga fhaicinn fhèin, an coimeas ri Seòras, nuair a bha e ga chàineadh mun adaig a thill dhan chidsin?

2

6. Dè tha an samhla “Duine mòr, odhar a bha a' snàmh mar ròn tro cheò nan grunn chafaidhean a bh'aige agus ruigeadh e oidhch-eigin tìr, ann an nèamh notaichean” a' sealltainn mu Ghuaderini?

2

Comharraidhean

7. Nuair a tha Guaderini ga chàineadh, ciamar a tha an t-ùghdar a' ceangal suidheachadh iorasal Sheòrais aig an àm ud, ri làithean òige, agus carson?

2

8. (a) “Shliog e briathran a bha cho meallta ris an iasg fhèin na cluais.” Dè tha an samhla seo a' ciallachadh agus dè bhuidh a bha aig briathran Ghuaderini?

2

- (b) Saoil carson a thuirte Seòras “Sir” ri Guaderini nuair a bha e a' faighinn a chàineadh?

1

9. (a) Mìnich an dòigh-sgrìobhaidh a chleachd an t-ùghdar nuair a sgrìobh e, “Chaidh na làithean mar chàrn thruinnsearan, a bheatha mar mhenu”.

1

- (b) Dè tha seo a' sealltainn mu bheatha Sheòrais?

2

10. “...mar a thig fiacail ùr an àite na tè a ghrodas às.”
Dè tha an ìomhaigh seo a' sealltainn mun dà Ghuaderini?

2

[Tionndaidh an duilleag

Comharraidhean

- 11.** (a) Dè am beachd a bha aig Seòras air Guaderini òg agus dè rinn Seòras air sàilleabh sin?

2

- (b) Dè an dòigh anns a bheil fàgail na sgoile agus fàgail an Ristorante Napoli coltach ri chèile do Sheòras?

2

- 12.** Dè rinn Seòras nuair a dh'fhàg e an Ristorante Napoli?

2

- 13.** An dèidh an stòiridh a leughadh gu lèir, thoir do bheachd air an seòrsa duine a bha ann an Seòras. Cleachd fianais on sgeulachd gus taic a chur ri do bheachd.

2

(30)

Sgrìobh air AON de na cuspairean a leanas.

1. Carthannas.
Sgrìobh mun chuspair seo ann an dòigh iomchaidh sam bith. (30)

2. “S e am prìosan an aon pheanas a tha ag obrachadh.”
Thoir do bheachd air a’ chuspair seo, a’ cur dà thaobh na h-argamaid. (30)

3. Thoir cunntas air àite inntinneach air an do thadhail thu, mar gum biodh tu a’ sgrìobhadh artaigil mu dheidhinn airson iris-turasachd. (30)

4. (a) Sgrìobh stòiridh a tha a’ crìochnachadh: “Cha robh mi riamh cho taingeil solais an taighe fhaicinn ’s a bha mi an oidhche sin.”

No

(b) “An neach a bhios fada gun èirigh, bidh e na leum fad an latha.”
Sgrìobh sgeulachd a tha na h-eisimpleir air an t-seanfhacl seo. (30)

5. Alba anns a’ bhliadhna 2050. (30)

[Tionndaidh an duilleag

Freagair AON cheist :

ROSG (Prose)

1. Tagh sgeulachd ghoirid no nobhail anns a bheil caractar dha bheil thu a' faireachdainn truas no fearg. Innis carson agus mìnich an dòigh anns a bheil an sgrìobhadair a' dùsgadh na faireachdainn seo annad. (30)
2. Tagh sgeulachd ghoirid no nobhail anns a bheil dòigh-sgrìobhaidh a ghlac d' aire. Thoir cunntas air an dòigh-sgrìobhaidh, a' sealltainn mar a thug i ort smaoinichadh air a' chuspair. (30)
3. Tagh nobhail no sgeulachd ghoirid anns a bheil an t-ùghdar ag innse mu thachartas sònraichte ann an dòigh a chùim d' aire bho thoiseach gu deireadh. Mìnich mar a rinn e/i seo. (30)

BÀRDACHD (Poetry)

4. Tagh pìos bàrdachd anns a bheil ìomhaighean làidir. Seall mar a chleachd am bàrd na h-ìomhaighean agus innis mun bhuaidh a bha aig seo ort. (30)
5. Uaireannan tha cliù bàird co-cheangailte ri aon no dà phìos bàrdachd. Tagh obair aon bhàird agus seall carson a tha thu ga mheas mar sgrìobhadair sònraichte. (30)
6. Tagh pìos bàrdachd a tha a' dèiligeadh ri cuspair connspaideach. Innis carson a ghlac i d' aire agus thoir do bheachd fhèin air a' chuspair. (30)

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

MARKER'S GRID

Candidate Name	
Candidate Number	
Section A	Èisteachd / 30
Section B(i)	Leughadh / 30
B(ii)	Sgrìobhadh / 30
B(iii)	Litreachas / 30
Grand Total	120

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark
(Èisteachd)

--

X229/12/01

TEISTEANAIS DIMÀIRT, 14 CÈITEAN
NÀISEANTA 1.00 PM – 1.40 PM
2013

GÀIDHLIG
AN ÀRD ÌRE
Roinn A: Èisteachd (Ceistean)

NATIONAL TUESDAY, 14 MAY
QUALIFICATIONS 1.00 PM – 1.40 PM
2013

GÀIDHLIG
HIGHER
Section A Listening (Questions)

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mìos Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

--

Na fosgail am pàipear cheist seo gus an tèid iarraidh ort.

Tha ceithir roinnean cheistean anns an deuchainn seo. Bu chòir dhut feuchainn air na ceithir roinnean.

An dèidh dhut Roinn A a dhèanamh—Èisteachd—fàgaidh tu an rùm deuchainn gus d' anail a ghabhail airson fichead mionaid.

An dèidh na h-ùine sin, bidh **dà** uair agad airson Roinnean B(i)–B(iii) a fhreagairt.



Roinn A: Èisteachd

Ùine: 40 mionaid

Comharraidhean

CEISTEAN

1. Carson a tha Alba agus na h-Eileanan Siar air an ainmeachadh aig toiseach na h-earrainn?

2

2. (a) Dè an dòigh-riaghlaidh a tha air na h-Eileanan Fàrach?

2

- (b) Ainmich dà dhleastanas a tha aig an Danmhairg ann a bhith a' riaghladh nan eilean.

2

3. (a) Dè an cead a fhuair na h-Eileanan Fàrach o chionn beagan is fichead bliadhna?

2

- (b) Carson a bha e na iongnadh gun do rinn na h-Eileanan Fàrach an gnothach air an Ostair?

2

Comharraidhean

4. (a) Dè an dà ghnìomhachas as cudromaiche do na h-Eileanan Fàrach?

2

(b) Dè a' bhuidh a bha aig crìonadh nan gnìomhachasan seo?

1

5. (a) Carson a tha na h-Eileanan Fàrach a' feuchainn ris an eaconamaidh aca a leudachadh?

2

(b) Carson a tha an òigridh a' fàgail nan eilean?

2

6. (a) Dè an inbhe a fhuair na h-eileanan ann an iris o chionn ghoirid?

1

(b) Cò ris a tha sìde nan eilean coltach san t-samhradh?

2

7. (a) Dè seòrsa cànanain a tha ann am Fàrothais?

1

(b) Dè an ceangal a bha eadar Fàrothais agus Alba, a rèir choltais?

2

[Tionndaidh an duilleag

Comharraidhean

8. (a) Dè thachair dhan chànan Fàrothais nuair a bha na h-eileanan fo smachd na Danmhairg?

3

- (b) Dè a' bhuidh a bha aig a seo?

2

9. A thaobh chànanan, dè thachair aig toiseach na ficheadamh linne?

2

(30)

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

X229/12/11

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2013

DIMÀIRT, 14 CÈITEAN
1.00 PM – 1.40 PM

GÀIDHLIG
AN ÀRD ÌRE
Roinn A: Èisteachd (Earrann)

NATIONAL
QUALIFICATIONS
2013

TUESDAY, 14 MAY
1.00 PM – 1.40 PM

GÀIDHLIG
HIGHER
Section A Listening (Transcript)

This paper must not be seen by any candidate.

Chan fhaod oileanach sam bith am pàipear seo fhaicinn.

Ri fhosgladh leis an tidsear nuair gheibhear am pàipear.



STIÙIREADH DON TIDSEAR

MA THA AN EARRANN RI LEUGHADH A-MACH (ANN AN ÈGINN A-MHÀIN)

1. Bu chòir feum a dhèanamh de na deich mionaidean mus tòisich an deuchainn airson eòlas mionaideach fhaighinn air an earrainn. Chan fhaic sibh na ceistean a tha rim freagairt agus chan fhaod sibh susbaint na deuchainn a chom-pàirteachadh ris na sgoilearan.

2. Aig toiseach na deuchainn, canaibh ris na sgoilearan:

Bidh 40 mionaid agaibh airson na deuchainn. Tionndaidhibh ur pàipearan ceasnachaidh. Faodaidh sibh notaichean a dhèanamh aig àm sam bith rè na deuchainn.

3. Leughaidh an earrann a-mach, a' bruidhinn gu soilleir agus gu nàdarra agus gun barrachd air ceithir mionaidean a ghabhail ris an leughadh. Na mìnichibh dad le ur làmhan, le fiamh aodainn no eile.

(A' CHIAD LEUGHADH DEN EARRAINN)

4. Canaibh ris na sgoilearan:

Tha 2 mhionaid agaibh airson coimhead air na ceistean.

5. Fanaibh 2 mhionaid, agus an uair sin leughaidh an earrann an dàrna uair, anns an aon dòigh san do leugh sibh a cheana agus a' gabhail a cheart uiread ùine.

(AN DÀRNA LEUGHADH DEN EARRAINN)

6. Canaibh ris na sgoilearan:

A-nis sgrìobhaibh ur freagairtean.

7. An sin fàgaibh an rùm. Chan fhaod sibh pàipear sam bith a thoirt leibh.

STIÙIREADH DON TIDSEAR MA CHLUICHEAR AN CD

1. Tha an earrann air a clàradh dà thuras. Chan fhaic sibh na ceistean a tha rim freagairt agus chan fhaod sibh susbaint na deuchainn a chom-pàirteachadh ris na sgoilearan.

2. Aig toiseach na deuchainn, canaibh ris na sgoilearan:

Bidh 40 mionaid agaibh airson na deuchainn. Tionndaidhibh ur pàipearan ceasnachaidh. Faodaidh sibh nòtaichean a dhèanamh aig àm sam bith rè na deuchainn.

3. Tòisichibh an t-inneal.

(A' CHIAD CHLUICH DEN EARRAINN)

4. Nuair a chluinneas sibh na facail “crìoch na h-earrainn”, stadaibh an t-inneal. (Na cuiribh air ais an CD.)

5. Canaibh ris na sgoilearan:

Tha 2 mhionaid agaibh airson coimhead air na ceistean.

6. Fanaibh 2 mhionaid, agus an uair sin tòisichibh an t-inneal a-rithist.

(AN DÀRNA CLUICH DEN EARRAINN)

7. Nuair a chluinneas sibh na facail “crìoch na h-earrainn”, stadaibh an t-inneal.

8. Canaibh ris na sgoilearan:

A-nis sgrìobhaibh ur freagairtean.

9. An sin fàgaibh an rùm. Chan fhaod sibh pàipear sam bith a thoirt leibh.

EARRANN

Eileanan Iomallach

Tha na h-Eileanan Fàrach anns a' Chuan Siar còrr is ceud mìle bho cheann a tuath na Rìoghachd Aonaichte. 'S i Alba an dùthaich, agus 's iad na h-Eileanan Siar na h-eileanan, as fhaisge orra. Ann an iomadh dòigh, tha Alba agus na h-Eileanan Fàrach gu math coltach ri chèile. Mar eisimpleir, ged a bhuineas na h-eileanan dhan Danmhairg, tha tomhas de fhèin-riaghladh aca, mar a tha aig Alba an taobh a-staigh den Rìoghachd Aonaichte. Tha smachd aig na h-Eileanan Fàrach air seirbheisean anns na h-eileanan fhèin ach 's ann air an Danmhairg a tha an t-uallach airson dìon, ceartas agus gnothaichean cèin. Mar sin, chan eil iad gu tur neo-eisimeileach, ged a luthaigeadh cuid anns na h-eileanan gun robh.

'S dòcha gur e ball-coise a bu mhotha a thug na h-Eileanan Fàrach gu aire muinntir na h-Alba an toiseach. O chionn beagan is fichead bliadhna, fhuair sgioba nan eilean cead pàirt a ghabhail ann an co-fharpaisean eadar-nàiseanta. Anns a' chiad gheama a chluich iad den t-seòrsa sin rinn iad an gnothaich air an Ostair. Cha robh dùil aig duine ri sin agus àireamh-sluaigh fada nas motha aig an Ostair agus gun aig na h-Eileanan ach cluicheadairean pàirt-ùine. Bhon uair sin, tha sgioba nan eilean air cluiche an aghaidh sgioba na h-Alba iomadh turas agus uaireannan air dùbhlàn a thoirt dhuinn.

Tha eaconamaidh nan Eilean Fàrach gu mòr an crochadh air iasgach na mara agus tuathanachas-èisg agus tha crìonadh anns na gnìomhachasan sin air trioblaidean ionmhais adhbhrachadh anns na bliadhnachan mu dheireadh. Coltach ri sgìrean iomallach na h-Alba, tha na h-Eileanan Fàrach a-nis a' feuchainn ris an eaconamaidh aca a leudachadh gus am bi i air bun-stèidh nas seasmhaiche. Tha iad a' cur cuideam gu h-àraidh air cosnadh dhan òigridh oir bidh iadsan tric a' cur cùl rin dachaigh airson foghlam àrd-ìre agus airson tuarastal nas fheàrr fhaighinn thall thairis.

Thathar a' dèanamh oidhirp mhòr gus barrachd obrach a chruthachadh ann an teicneòlas fiosrachaidh agus ann an turasachd. Tha barrachd luchd-turais a-nise a' tighinn dha na h-Eileanan Fàrach agus, bho chionn ghoirid, chaidh na h-eileanan ainmeachadh ann an iris mar na h-eileanan as tarraingiche san t-saoghal. Chan ann air sgàth na h-aimsir a bhios luchd-turais a' tadhal air na h-eileanan, ge-tà. Ged a bhios sinne ann an Alba a' càineadh na sìde againn, tha barrachd adhbhair gearain aig muinntir nan Eilean Fàrach. Fiù 's as t-samhradh tha an teothachd anns na h-eileanan dualtach a bhith ìosal agus chan fhaicear a' ghrian cho tric 's a bhiodh dùil.

Mar a tha a' Ghàidhlig againn ann an Alba, tha an cànan fhèin aig muinntir nan Eilean Fàrach. 'S ann do theaghlach nan cànan Lochlannach a bhuineas Fàrothais agus thathar a' meas gun robh dlùth-cheangal aice ris a' chànan a bha uaireigin air a cleachdadh ann an Arcaibh is Sealtainn.

Airson linntean bha na h-Eileanan Fàrach fo làn-smachd na Danmhairg. Aig an àm sin chaidh Fàrothais a thoirmeasg anns an eaglais agus anns na sgoiltean agus chaidh Danmhairgis a sparradh orra na h-àite. Fad bhliadhnachan chailleadh comas leughaidh agus sgrìobhaidh sa chànan. Ach, aig toiseach na ficheadamh linne, thàinig ath-bheothachadh air Fàrothais. Mean air mhean, chaidh a toirt air ais agus, san latha an-diugh, thathar a' faicinn Danmhairgis mar chànan cèin. 'S iomadh rud a ghabhadh ionnsachadh le Gàidheil Alba bho eisimpleir nan Eilean Fàrach.

[CRÌOCH NA H-EARRAINN]